

Aonadh nan Crùn

Suas gu tràth san t-17mh linn bha Sasainn agus Alba nan dà **rìoghachd** air leth.

Thàinig atharrachadh ann an 1603 nuair a chaochail **Banrigh Ealasaid Shasainn.**

Banrigh Ealasaid I



Cha robh i pòsta agus cha robh clann aice a thigeadh às a dèidh; dh'iarra Pàrlamaid Shasainn air a co-ogha, Seumas VI, Righ na h-Alba, a bhith na Rìgh air Sasainn. Mar sin, b' e a-nis Seumas VI agus I a bh' air. Bha an aon rìgh a-nis aig Alba agus Sasainn. Canaидh sinn **Aonadh** nan Crùn ris a seo.

Cha robh Seumas riaraichte le bhith na Rìgh na h-Alba agus na Rìgh Shasainn.



Bha e airson an dà **rìoghachd** a thoirt còmhla agus aon dùthaich mhòr **aonaichte** a dhèanamh. Sa Chèitean 1603, dìreach seachdainean an dèidh dha Lunnainn a ruighinn, chuir e a-mach **glaodhach** gun deigheadh Sasainn agus Alba **aonachadh**.



San Dàmhair 1604, ghairm Seumas VI agus I gum b' e Righ Bhreatainn a bhiodh air a-nis agus nach biodh ainm a' dèanamh sgaradh eadar Sasainn agus Alba.

San aon bhliadhna chaith **coimisean** de Bhall Pharlamaid Albannach agus Shasannach a chur air bhonn a bheachdachadh air **aonachadh**. Ged a bha fios aig Seumas gun toireadh e ùine laghannan, pàrlamaidean agus eaconamaidhean an dà dhùthaich **aonachadh**, cha d' fhuair am beachd aige fàilte mhòr ann an Westminster. Dh'aontaich na **coimiseanairean**, a bha a' deasbad an aonachaидh aig Westminster eadar an t-Samhain 1606 agus an t-luchar 1607, gun cuireadh iad às do na laghannan a bha **nàimhdeil** do na h-Albannaich, ach cha b' urrainn dhaibh tighinn gu aonta air an **aonachadh**. Ghabh Seumas ris nach deach leis anns a' chùis seo, ach cha tug e **maitheanas** riamh do Phàrlamaid Shasainn airson a dhol an aghaidh na bha **san amharc** aige – aon **rioghachd** Bhreatannach fo aon chrùn. Dh'fheumadh e a bhith **riaraichte** le **ath-leasachadh** agus gnìomhan **samhlachail**.

Ann an 1606 dh'iarr Seumas gum biodh bratach Bhreatannach air a dèanamh san robh croisean Naomh Sheòrais agus Naomh Anndra còmhla. B' e chaithd a dhèanamh Bratach an Aonaidh, an Union Jack – tha beachd ann gur e Jack giorrhachadh air Jacobus, riochd Laidinn air Seumas.



'S e 1604 an deit a th' air na beachdan seo airson brataichean Alba agus Shasainn a chur còmhla. Tha iad a' sealltainn cho tràth 's a bha cuid a' smaoineachadh air aonadh eadar an dà dhùthaich.